



## Tiotal: Mo bhodhaig: Ainmean nam pàirtean bodhaig

### Ìre: A' CHIAD

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi mothachail air mo chorp a' fàs agus tha mi ag ionnsachadh nan ainmean ceart airson nan diofar phàirtean agus mar a tha iad ag obair. HWB1-47b	<ul style="list-style-type: none"><li>Eòlach air na h-ainmean cearta airson nam pàirtean bodhaig agus mar a tha iad ag obair, mar eisimpleir machlag, clach-bhalg, ughlann, pit.</li></ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann na h-ainmean cearta airson pàirtean am bodhaig, a' gabhail a-steach buill-ghineamhainn fhireannach agus bhoireannach agus mar a tha iad ag obair.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh pàirtean dem bhodhaig ainmeachadh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na diofar phàirtean dem bhodhaig agus na tha iad a' dèanamh.

#### Goireasan-taic

- Duilleagan bàn de phàipear taisbeanaidh A4 agus pinn.
- Copaidhean mòra de na diagraman bodhaig.
- Cairtean le ainmean nam pàirtean bodhaig (no cleachd na slaghdean)
- Na diagraman bodhaig air duilleagan A4, copaidh de gach diagram do gach pàiste no do dhithisean.

**Thoir an aire:** San obair seo bidh sinn a' tòiseachadh air bruidhinn air na pàirtean bodhaig a chithear/air an taobh a-muigh. Mar phàirt de obair eile aig a' chiad ìre bidh sinn a' leudachadh air a' chuspair seo agus air a' bhriathrachas airson nam buill-bodhaig nar broinn co-cheangailte ri leatromachd agus breith. (Faic *Mar a tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith*). 'S dòcha gum bi fios aig clann mar-thà air cuid de na h-ainmean airson nam pàirtean bodhaig. Bidh feadhainn a bhios gan ionnsachadh airson a' chiad turas. Ged a tha an obair soilleir a thaobh a' bhriathrachais a thathar a' cleachdadhbhann am foghlam RSHP, tha e cudromach gum fairich a' chlann gum faod iad na faclan a th' aca mar-thà a chleachdadhbhann airson a bhith cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn.

Bu chòir dhan tidsear/neach-foghlaim na faclan a tha sinn ag ionnsachadh dhan chloinn a chleachdadhbhann airson 's gun ionnsaich a' chlann an cleachdadhbhann cuideachd. Ged tha seo fior cha bu chòir dhuinn a bhith gan cronachadh airson a bhith a' cleachdadhbhann nam faclan a bhios aca aig an taigh no còmhla rin caraidean. Tha fiosrachadh an seo do phàrantan a mhìnicheas na th' anns an earrann ionnsachaidh seo, le

brosnachadh airson am briathrachas agus na bun-bheachdan a thathar a' toirt a-steach sa chlas a chleachdad aig an taigh.

## Obair

- Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla. Ma ghabhas e dèanamh, tòisich an leasan mar seo. Tòisich le bhith ag innse dhan chloinn gum bi iad a' dèanamh sreach de leasain far an ionnsaich iad tuilleadh mu na bodhaigean aca.
- Mìnich gun tòisich a' chlann le bhith a' dèanamh dealbh dhiubh fhèin, agus air an dealbh bidh iad a' cur beagan fiosrachaидh mu na bodhaigean aca. Bidh iad feumach air dòigh san tomhais iad an àirde agus 's dòcha gum feum iad ionnsachadh mu mheud chasan ('s dòcha gum faod sibh sin a dhèanamh sa mhadainn no nas tràithe air an t-seachdain). Ma tha e a' còrdadh ris a' chloinn a bhith ag obair còmhla, faodaidh iad obrachadh còmhla ri caraid. Cuir an stiùireadh air an smartboard agus tòisich an leasan. **Dèan dealbh dhiot fhèin.**

Air an dealbh agad sgrìobh:

- Dath do shùilean
- Meud do chasan
- D' àirde
- Dath d' fhalt/ do ghruag

- Till a' chlann air ais còmhla, ann an clearcall ma ghabhas sin dèanamh. Iarr orra na dealbhan aca a shealltann agus am fiosrachadh mu na bodhaigean aca innse dhan bhuidheann. Cò aige a tha an aon mheud bhrògan? Cò aige tha an aon dath fault/gruaige?
- A-nis, mìnich gum bi a' chlann ag ionnsachadh mu na diofar ainmean airson pàirtean na bodhaig. Gabh ris gum bi tòrr dhe na h-ainmean seo aig a' chlann mar-thà, ach gum bi feedhainn eile ùr dhaibh. Cleachd na diagraman mòra de bhodhaigean na h-ighinn agus a' bhalaich. Can ris a' chloinn gu bheil ainmean agad airson nam pàirtean bodhaig (sgriobh iad air cairtean no cleachd na slaighdean), agus còmhla, cuiribh gach leubail san àite cheart. Leugh a' chiad chait/slaighd, an uair sin iarr air cuideigin a' chait a chur far a bu chòir, no comharrachadh no sgrìobadh air na diagraman far am bu chòir dha na h-ainmean a dhol.

- |             |             |            |          |
|-------------|-------------|------------|----------|
| 1. Gàirdean | 4. Làmh     | 7. Cas     | 10. Sròn |
| 2. Clusan   | 5. Ceann    | 8. Òrdagan |          |
| 3. Sùilean  | 6. Glùinean | 9. Beul    |          |

- Obraichibh troimhe gu àireamh 10. An uair sin stad agus inns gu bheil pàirtean eile ann nach fhaic sinn nuair a choimheadas sinn a chèile 's aodach oirnn. Agus gu bheil cairtean/slaighdean againn a-nis le ainmean nam pàirtean seo der bodhaigean, na pàirtean a tha prìobhaideach.

- |            |                            |
|------------|----------------------------|
| 11. Tòn    | 14. Clach-bhalg/Magairlean |
| 12. Sinean | 15. Pit                    |
| 13. Bod    |                            |

- Inns dhan chloinn mu na faclan seo, "Mas e falal a th' ann nach aithne dhut, tha sin ceart gu leòr, 's dòcha gu bheil falal eile agadsa." Mar a tha sibh ag obrachadh tro na faclan, sinean, bod, clach-bhalg/magairlean agus pit faighnich, dhan chloinn a bheil faclan eile aca a bhios iad a' cleachdad, dean cinnteach gu bheil fios aig a' chloinn gu bheil e ceart gu leòr na faclan sin a ràdh an-dràsta bhon a tha sinn airson gun tuig a h-uile duine am falal ùr. Gabh ris na faclan agus freagair le bhith a' ràdh, "Seadh, an-diugh tha sinn a' ràdh 'x' ach 's e 'y' falal eile a dh'fhaodas sibh a bhith a'

cleachdad. Leanaibh oirbh leis an obair, leughaibh na cairtean/slaighdean agus iarraibh cuideachadh bho chuideigin airson na faclan a chur air an dealbh no comharrachadh far a bheil a' phàirt bodhaig no a sgrìobhadh san àite cheart. Faodaidh tu an teacsa seo a cleachdad ma tha e na chuideachadh. Stad agus dèan cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn mar a tha thu a' dol air adhart:

**Sinean:** *Tha sinean an dà chuid air baaich agus nigheanan. Nuair a dh'fhàsas nighean, fàsaidh ciocchan oirre. Ma bhios bùibidh aig boireannach, 's urrainn dhi am bùibidh a bhiathadh. Gheibh am bùibidh bainne à sinean a mhàthar. Uaireannan bidh daoine a' faighneachd, "Carson, ma tha, a tha sinean air fireannaich?" Bidh a' h-uile bùibidh a' tòiseachadh a bheatha san aon dòigh gus am bi am màthair 8 seachdainean trom.*

**Bod:** Tha bod air balaich. Nuair a thèid balach dhan taigh-bheag a mhùn, *bidh e a' tighinn às a bhod*. Gheibh sinn barrachd a-mach mun bhod nuair a tha sinn ag ionnsachadh mar a tha bùibidhean air an dèanamh.

**Clach-bhalg agus magairlean:** *The scrotum is the sack of skin that hangs under the boy's penis. Inside there are the testicles. Again, in another lesson we will learn more about this.*

**Pit:** Tha pit aig nigheanan. Nuair a thèid nighean dhan taigh-bheag a mhùn (*faigh fios an seo air na faclan a bhios clann a' cleachdad, me, a dhèanamh dileag, bidh e a' tighinn a-mach às a pit.* (*Thoir an aire:* ma chleachdas pàiste am facial faighean airson a' phàirt seo, faodaidh sibh a ràdh: Uaireannan bidh daoine a' cleachdad an fhacail faighean, ach **tha an fhaighean am broinn** nighean. Mar sin, mas e nighean a th' annad, 's e do **phit am pàirt a chì thu** eadar do chasan.)

7. Bidh e soilleir ann an còmhradh gu bheil feadhainn de na pàirtean bodhaig a' beantainn ri aon de na figearan seach na dhà.
8. Theirig thairis air na faclan *Sinean, Bod, Clach-bhalg/Magairlean* agus Pit. Inns dhan chloinn gur e seo na faclan a bhios sinn a' cleachdad sa chlas nuair a tha sinn a' bruidhinn air na pàirtean bodhaig seo – *"Ma dhìochuimhnicheas tu. tha sin ceart gu leòr. Cuiridh sinn nad chuimhne iad."*
9. A-nis, thoir an duilleag A4 de na bodhaigean do gach pàiste/paidhir agus an liosta fhaclan. larr orra ainmean nam pàirtean bodhaig bhon liosta a sgrìobhadh air na dealbhan aca le loidhne no saighead a' sealltainn càit a bheil e air a' bhodhaig, tha a' chiad fhacal 'gàirdean' ann mar-thà.
10. Till a h-uile duine còmhla. larr air na pàidhrichean an obair a shealltainn dha na pàidhrichean eile mun timcheall. Thoir cothrom dhaibh ceistean fhaighneachd.
11. Crìochnaich leis an t-slaighd mu dheireadh – tha am fiosrachadh seo a' ruith tro ionnsachadh RSHP aig a' chiad ìre – sa chlas seo tha sinn uile fa leth, eadar-dhealachte, gun shamail agus sònraichte. Inns dhan chloinn mun ath leasan far am bi iad ag ionnsachadh mu bhith a' cumail am bodhaigean glan.

## Ceangal ris an dachaigh

*Faodaidh sibh an teacsa seo a cleachdad airson fios a chur dhachaigh ag innse na bhios a' chlann ag ionnsachadh sa bhloc ionnsachaidh seo.*

Tha a' chlann ag obair air a' chuspair *Mo bhodhaig*. Bidh iad ag ionnsachadh mu bhith fallain nam bodhaig agus mu bhith gan cumail fhèin glan. Ionnsaichidh iad cuideachd na faclan cearta airson nam ball gineamhainn aig fireannaich agus boireannaich. Seo na faclan agus na mìneachaidhean a bhios iad ag ionnsachadh:

**Sinean:** Tha sinean aig balaich agus air nigheanan. Nuair a dh'fhàsas nighean, fàsaidh ciocan oirre. Ma bhios bòbibidh aig boireannach 's urrainn dhi am bòbibidh a bhiathadh bho ciocan; gheibh am bòbibidh bainne à sinean a mhàthar. Uaireannan bidh daoine a' faighneachd, "Ma-thà, carson a tha sinean air fireannaich?". Bidh gach bòbibidh a' fàs san aon dòigh gus am bi am màthair mu 8 seachdainean trom, agus tha sinean na phàirt dhen sin. Mar sin ma tha am bòbibidh a tha a' fàs ann am màthair gu bhith na bhalach, bidh sinean fhathast air.

**Bod:** Tha bod air balaich. Nuair a thèid balach dhan taigh-bheag a mhùn (faigh fios an seo air na faclan a bhios clann a' cleachdad, me bigean, clibeann msaa), bidh e a' tighinn às a bhod.

**Clach-bhalg agus magairlean:** 'S e seo am pocan beag de chraiceann a tha crochta fo bhod balaich. Na bhroinn tha na magairlean. A-rithist, ann an leasan eile ionnsaichidh sinn tuilleadh mun seo.

**Pit:** Tha pit air nigheanan. Nuair a thèid nighean dhan taigh-bheag a mhùn (*faigh fios an seo air na faclan a bhios clann a' cleachdad, me duillean*) bidh e a' tighinn a-mach às a pit. Uaireannan bidh daoine a' cleachdad an fhacail faighean, ach 's e am faighean am pàirt a tha air an taobh a-staigh. Thoir an aire: ma chleachdas pàiste am facial faighean airson a' phàirt seo, faodaidh sibh a ràdh, Uaireannan bidh daoine a' cleachdad an fhacail pit ach tha a' phit am broinn nighean. Mar sin, mas e nighean a th' annad, 's e do phit am pàirt a chì thu eadar do chasan nuair a choimheadas tu air do bhodhaig.

Bidh sinn a' cleachdad nan teirmean seo airson cur às do nàire sam bith timcheall air na pàirtean bodhaig sin. Cuideachd ma tha fios aig clann air na faclan cearta 's urrainn dhaibh a bhith soilleir mura h-éil iad a' faireachdaiinn gu math no ma tha dragh orra. Bidh eòlas air na teirmean seo na dhòn do chlann oir bidh iad ag ionnsachadh cò na pàirtean bodhaig a tha prìobhaideach – bidh sinn a' dèanamh tuilleadh air an seo sa chlas. Bidh sinn a' brosnachadh phàrantan agus luchd-cùraim gus a bhith a' cleachdad na h-aon teirmean san dachaigh, tha fios againn gum bi ainmean neo-fhoirmeil eile aig teaghlaichean ach dh'iarramaid gun cleachdad sibh na h-aon teirmean 's a bhios aig a' chloinn san sgoil.

## Notaichean tidseir